

1. Aoigheachd | Hospitality

Sgrìobh ✎ - Cuir an earrann seo, bho litir 1016, dhan Ghàidhlig. Tha seo ri faighinn air an làraich-lìn aig **LearnGaelic: www.learngaelic.scot/litir/daoine.jsp?l=1016**

I still remember the first time I got a cup of coffee in Applecross. I was visiting an old woman who was related to me and she said to me, 'Would you like a cup of tea, Roddy?'. Before I got a chance to give an answer, she changed her mind. 'Or how about coffee? Would you rather a coffee?'

This was in the seventies and, before that, I don't remember seeing coffee in Applecross, let alone drinking it, at least among the old Gaels. My grandmother would have tea all day from dawn to dusk. Sometimes she wouldn't put the leaves in a pot. She'd put them in a cup, and she'd put boiling water on them. After two minutes she would have 'tinkers' tea' as she would say herself. It's hard to think of Scotland without tea.

2. Toilichte a chluinntinn... | Happy to hear...


Sgrìobh ✎ - Cuir seantansan 1-3 dhan Ghàidhlig, a' cleachdadh a' ghràmair cheart.

1. Did you see the children from the school that I wanted to see?

2. The tutor was happy to say that there wouldn't be a test in the next class.

3. He wants to speak to everyone in the company next week.

3. Cuirm MhicNìll Bharraigh | MacNeil of Barra's Feast

Èist  - Seo an tar-sgrìobhaidh bhon chlàradh air **Tobar an Dualchais**:
www.tobarandualchais.co.uk/track/25030

Donnchadh MacDhòmhnail: *Uaireigin dhen t-saoghal, nuair a bha MacNìll na uachdaran air Barraigh, agus Clann 'ic Ailein ann an seilbh air mòran a dh'fhearannan na Gàidhealtachd, bhiodh dinneirichean aca, aig gach uachdaran fearainn, agus bhiodh iad a' fiathachadh a chèile a dh'amharc air a chèile. Agus air an turas a bh' ann an seothach, chuir MacNìll brath gu fear a Chlann 'ic Ailein airson cuirm, agus thàinig Mac 'ic Ailein, agus roinn dhe a dhaoine còmhla ris cuideachd, gu ruige Barraigh a dh'ionnsaigh na cuirm' a bha MacNìll a' toirt seachad. Agus air neo-ar-thaing nuair a ràinig iad nach robh basan sgaoilte romhpa aig MacNìll.*

A-nist, thug MacNìll air na daoine aige fhèin a bha a' frithealadh dhan bhòrd, sligean bhàirneach a chur nam pòcannan, agus a bhith gan glioganachadh daonnan air chor agus gun saoil eachda Mhic 'ic Ailein gun robh iad cho pailt ann an airgead. Agus nuair a dh'fhàs an seo am fìon gann mun bhòrd, thug MacNìll [?fa-near] na daoine aige fhèin a ghabhail leis an uisge, agus am fìon a chumail ri cuideachda Mhic 'ic Ailein. Ach, ann an ùine ghoirid rinn Mac 'ic Ailein a-mach gun robh a' ghorta ann an lùib muinntir MhicNìll, agus seo mar a bhruidhinn e:

*Is mithich dhuinne bhith a' triall
À Barraigh chrìon nach eil pailt,
'S na sligean ag innse sgeul
Gu bheil Clann 'icNìll nan airc.*

*Theirear iasg ri iasg mòr,
Theirear iasg ri iasg beag,
Theirear nead ri nead a' gheòidh,
'S ri nead an fhionnain-fheòir mar spìod.*

It's time for us to travel

**From a decaying Barra that is not abundant,
And the shells tell a story
That the MacNeils are in poverty.**

**A big fish is called a fish,
A small fish is called a fish,
The goose's nest is called a nest,
And the grasshopper's nest [is also called a nest]**

Agus sgioblaich Mac 'ic Ailein 's a chuid daoine iad fhèin agus dh'fhalbh iad. Agus neo-ar-thaing nach do dh'innis iad an uair sin, an dèidh a dhol dhachaigh, mar a thachair dhaibh aig MacNìll.

Agus sin agaibh a-nis mar a chaidh cuirm MhicNìll air aghaidh, eadar e fhèin agus Mac 'ic Ailein.

Sgrìobh ✎ - Freagair na ceistean seo mun chlàradh:

1. Dè bha na daoine a bha a' frithealadh dhan bhòrd a' glioganachadh agus carson?

2. Dè rinn MacNìll nuair a dh'fhàs am fìon gann mun bhòrd?

3. An do dh'innis Mac 'ic Ailein mar a thachair dhaibh aig MacNìll?

4. An Còmhradh | The Conversation

Nochd an sgeulachd ghoirid seo anns an leabhar: **A' Ghlainne agus Sgeulachdan Eile** le **Màiri E. NicLeòid**, a chaidh fhoillseachadh ann an 2010 le **CLÀR**.

Gheibhear lethbhreac den leabhar an seo: www.gaelicbooks.org/rannsaich-an-bh%C3%B9th/ficsean/sgeulachdan-goirid/a-ghlainne-agus-sgeulachdan-eile?lang=gd

Leugh 📖 - *Fhad 's a bha i a' dèanamh deiseil leis an teatha, choimhead mi timcheall orm a' smaoinichadh cho cofhurtail 's a bha mi san taigh seo, sa chidsin seo. Cha b' ann tric a thachradh sin. Bha mise an-còmhnaidh cho trang 's gu robh e doirbh fois fhaighinn ach cuideachd a chionn 's gun robh mi faiceallach air daoine eile. Cus cheistean aca mun dheidhinn - tha gràin agam air a sin.*

'S e seann taigh a bh' ann ach, thairis air na bliadhnaichean, bha iad air obair a dhèanamh air agus ged nach robh pàirt sam bith d'heath spaideil (an chidsin B&Q a bha uair bho gleansach a-nis a' coimhead rudeigin sgìth, mar a bhiodh nàdarra ann an taigh làn cloinne is coin) 's e taigh snog a bh' ann a dh'aindeoin sin. Bha an Aga sa chidsin ga chumail blàth, seasgair an-còmhnaidh, ge bith dè cho fuar 's a bha an tìde a-muigh. Ann am meadhan a' chidsin bha bòrd le sia seathraichean timcheall agus sin far an robh mi fhìn agus Anna an-dràsta.

"Cha ghabh mi briosgaid, tapadh leat," thuir mi rithe. "Tha mi a' feuchainn ri cuideam a chall." Chan eil fhios agam carson a thuir mi sin oir tha mi feumach air cuideam a chur orm. Tha mi cho caol ri stamh - sin a tha mo mhàthair an-còmhnaidh ag ràdh rium co-dhiù. "Bhiodh tu a' coimhead fada na b' fheàrr mura robh thu cho tana. Is beag an t-iongnadh nach eil thu air fear eile fhaighinn. Bidh eagal air na fir nach fhaigh iad biadh ceart agus iad a' dol a-mach còmhla riutsa. Nach cuala tu riamh 'The way to a man's heart is through his stomach.' 'S toil leis na fireannaich tè air a bheil beagan cuideam..." agus chumadh i a' dol mar sin. Bidh mi a'

faighinn comhairle mar seo bhuaipe an ìre mhath gach seachdain ach tha mi cho cleachdte ris a-nis nach eil mi a' cluinntinn nam faclan ceart ann, tha iad dìreach ag itealaich timcheall mo chinn mar chuileagan air latha samhraidh - buaireanta gun a bhith cunnartach.

"Uill, tha mi fhìn airson briosgaid a ghabhail." Thàinig m' inntinn air ais dhan chidsin nuair a chuala mi guth Anna. "Feumaidh mi a bhith cinnteach gu bheil iad blasta gu leòr airson a thoirt seachad dhan chloinn. Dhan chloinn! Chan eil fhios a'm carson a tha mi fhathast ag ràdh sin, 's e deugairean a th' annta a-nis! Tha mo dhuine an-còmhnaidh a' trod rium airson sin a chanail!"

"Nach tuirt thu gum biodh iad a' falbh chun an oilthighe an ceann mìos no dhà?"

"Bithidh gu dearbh. Bidh na twins air falbh chun an oilthighe ann an dà mhìos eile agus cha bhì Aonghas fada air an cùlaibh. Chan eil fhios a'm dè nì mi an uair sin. Tha mi cho cleachdte ri bhith a' ruith às dèidh na cloinne agus Dòmhnall chan eil fhios a'm dè nì mi..."

Seo a' chiad turas a thàinig e thugam nach robh i cheart cho toilichte 's a bha mi a' smaoineachadh. Nam inntinn chunnaic mi ròs a lorg mi sa mhadainn na laighe ri taobh an rathaid, air a bhriseadh bhon fhreumh. Bha e fhathast bòidheach ach le gach mionaid a rachadh seachad bhiodh a bhòidhchead a' seacadh agus a bhrìgh a' fàs fann. Cha robh e eu-coltach ri Anna, an ròs sin. Cha chreid mi gun robh na bliadhnaichean air a bhith cho coibhneil ri Anna 's a bha iad rium fhìn.

"Uill, dè do bheachd, Anna? A bheil iad blasta gu leòr airson a thoirt dha do chloinn agus Dòmhnall?"

Uaireannan bidh a' chlann a' tighinn a-staigh. Tha iad cho snog agus cho càirdeile, cho beothail. Nuair a thig iad dhan chidsin, tha iad mar cuairt-gaoithe. Seachdain no dhà air ais, thug mi rud beag airgid dhan triùir aca - bha iad ag iarraidh geama ùr airson a' choimpiutair aca. Bha iad cho toilichte 's gun d' fhuair mi cuireadh airson an geama a chluiche nuair a thigeadh e.

"Nì iad a' chùis," fhreagair i. "'S e modh ùr a th' ann nach do dh'fheuch mi riamh. Cheannaich mi leabhar bèicearachd Dihaoine seo chaidh. Tha e a' faireachdainn neònach dhomh a bhith a' feuchainn modh ùr oir 's fheàrr leam a bhith a' cumail ris na rudan air a bheil mi eòlach. Ach, tha sinn uile feumach air atharrachadh uaireigin..."

Chùm Anna air adhart air an t-slighe seo agus ged a bha mi a' gnogadh mo chinn an-dràsta 's a-rithist, bha m' inntinn ann an saoghal eile: an saoghal a bha agam còig bliadhna air ais, an saoghal a b' fheàrr leam a bhiodh agam a-nis. Cha robh fios aig Anna gum b' àbhaist dhomh a bhith pòsta le nighean. Cha robh fios aig duine sam bith sa bhaile air seo agus cha robh mi airson 's gum biodh fios aca nas mò. Fiù 's fhathast an-diugh tha e doirbh smaoineachadh mu dheidhinn agus nas dorra bruidhinn mu dheidhinn. Bidh a h-uile càil a' tighinn air ais thugam airson iomadach adhbhar: bidh mi a' faicinn rudeigin, a' cluinntinn rudeigin no fiù 's bidh fàileadh ann a bhios a' dùsgadh cuimhne air àm eile. An-dè, mar eisimpleir, chaidh mi a-mach agus bha an t-adhar làn fàileadh creamh a bha a' fàs ri taobh an rathaid agus chuimhnich mi nuair a bhithinn fhìn 's Alasdair, an duine agam, a' dol a-mach cuairt air oidhche bhrèagha bhlàth samhraidh.

Tha fhios a'm nuair a tha daoine a' coimhead orm gu bheil iad a' smaoinneachadh gur e boireannach beannaichte a th' annam agus ann an cuid de dhòighean, 's e. Nuair a bhios mi a' dol a-steach dhan bhaile mhòr, tha mi mothachail air daoine a' coimhead orm, a' faicinn boireannach caol, beairteach, soirbheachail a' toirt sgrìob air na bùithtean aodaich as spaideil. Nuair a ruigeas mi na bùithtean sin tha acras orm airson an stuth as ùire, as fasanta, agus bidh mi a' coimhead tro na rèilichean gu sanntach. An uair sin, bidh mi ga cheannach agus ga chur nam bhagaichean mar tè a tha fo bhuidh an t-siùcair a' cur suiteis na beul, agus tha mi a' faighinn faochadh airson greiseag. Ach air an t-slighe dhachaigh, an càr làn bhagaichean a' giùlan aodach brèagha, tha an tinneas a' tilleadh agus cha tèid e air falbh gus am bi mi air ais sna bùithtean a-rithist.


Earrann às an sgeulachd ghoirid **An Còmhradh le Màiri E. NicLeòid**. Ri fhaighinn anns an leabhar **A' Ghlainne agus sgeulachdan eile**, taobh-duilleagan 47-51. Tha an còrr den sgeulachd ri leughadh anns an leabhar air duilleagan 51 - 56.

Sgrìobh  - Freagair na ceistean seo mun sgeulachd:

1. Cò ris a tha an sgeulaiche coltach agus ciamar a tha fhios againn air seo?

2. Cò ris a tha Anna coltach agus dè seòrsa ìomhaigh a thug an t-ùghdar dhuinn mu deidhinn?

3. A bheil an sgeulaiche toilichte? Ciamar a tha fios againn?

Sgrìobh  - Thoir sùil air an sgeulachd a-rithist agus sgrìobh sìos facal no abairt sam bith a tha ùr dhut fhèin no inntinneach dhut an seo.

1 - Aoigheachd | Hospitality

Tha diofar dhòighean ann earrann mar seo a sgrìobhadh ann an Gàidhlig, ach seo mar a thàinig i bho **Litir do Luchd-ionnsachaidh 1016 le Ruairidh MacIlleathain** litir a tha ri faighinn air an làraich-lìn: www.learnGaelic.scot/litir/daoine.jsp?l=1016

Tha cuimhne agam fhathast air a' chiad turas a fhuair mi cupa cofaidh air a' Chomraich. Bha mi a' tadhal air seann bhoireannach a bha càirdeach dhomh agus thuir i rium, 'An gabh thu copan teatha, a Ruairidh?' Mus d' fhuair mi cothrom freagairt a thoirt seachad, dh'atharraich i a beachd. 'No dè mu dheidhinn cofaidh? Am b' fheàrr leat cofaidh?'

Bha sin anns na seachdadan agus, roimhe sin, chan eil cuimhne agam air cofaidh fhaicinn air a' Chomraich, gun luaidh air òl, co-dhiù am measg nan seann Ghàidheal. Bhiodh mo sheanmhair a' gabhail tì fad an latha o mhoch gu dubh. Uaireannan cha chuireadh i na duilleagan ann am poit. Bhiodh i gan cur ann an cupa, 's chuireadh i uisge goileach orra. Agus an ceann dà mhionaid bhiodh 'teatha nan ceàrd' aice, mar a chanadh i fhèin. Tha e doirbh a bhith a' smaoinachadh air Alba às aonais tì.

2 - Toilichte a chluinntinn... | Happy to hear...

1. Am faca tu a' chlann bhon sgoil a bha mise ag iarraidh fhaicinn?
2. Bha an t-oide toilichte a ràdh nach biodh deuchainn anns an ath chlas.
3. Bha e ag iarraidh bruidhinn ris a h-uile duine anns a' chompanaidh an-ath-sheachdain.

3 - Cuirm MhicNìll Bharraigh | MacNeil of Barra's Feast

1. Bha iad a' glioganachadh shligean bhàirneach air sgàth 's gun robh MacNìll ag iarraidh 's gun saoleadh daoine Mhic 'c Ailein gun robh airgead aig Clann MhicNìll.
2. Thug MacNìll air na daoine aige fhèin am fìon a ghabhail le uisge agus am fìon ceart a chumail do dhaoine Mhic 'ic Ailein.
3. Dh'innis e an sgeulachd agus rinn e dàn mu dheidhinn na thachair cuideachd.

4 - An Còmhradh | The Conversation

1. Tha i tana "cho caol ri stamh". Chan eil i math air èisteachd "bha mi a' gnogadh mo chinn an-dràsta 's a-rithist, bha m' inntinn ann an saoghal eile".
2. Tha Anna coltach ri ròs a bha na laighe briste ri taobh an rathaid. Chan eil na bliadhnaichean air a bhith math dhi.
3. Chan eil. Leughaidh sinn aig deireadh na h-earrainne gu bheil i a' ceannach rudan anns na bùithtean airson faochadh fhaighinn, ach "tha an tinneas a' tilleadh" nuair a bhios i a' dol dhachaigh.